

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Samhain 2017 / November 2017

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Fior dheagh Mhòd Nàiseanta Rìoghail 2017 ann an Loch Abar! Meal-a-naidheachd air Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar agus luchd-obrach a' Chomuinn a chur cùisean air dòigh cho ealanta, agus leithid eile air muinntir Loch Abar airson an cuid aoigheachd fhialaidh. Fhuair sinn misneachadh à caochladh àitean, eadar àireamh nam farpaiseach a ghabh páirt, iùre na fileantachd a chualas, agus iùre aithne na coimhearsnachd air an dualchas a bhuineas dhaibh.

Bha na chualas bho Iar Phrìomh Mhiniestear na h-Alba, Iain Swinney, aig fosgladh a' Mhòid, na bhrosnachadh is e a' cur làn-thaic ri leasachadh na Gàidhlig agus a' gealltann gun dèan e nas urrainn gus an iomairt sin a chuideachadh.

Anns an òraid agam fhìn aig an fosgladh bha mi a' moladh gum biodh am Mòd Nàiseanta Rìoghail, agus na Mòdan Ionadail air an aithneachadh mar phàirt chudromach den daineamaig a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig air feadh na dùthcha. Tha na Mòdan uile nam fianais air saothair shaor-thoileach mhìltean de shluagh, an dà chuid mar pharpaisich agus luchd-taic, agus tha Mòdan cuideachd a' brosnachadh cheudan gus beagan Gàidhlig ionnsachadh.

Ach mar a dh' èirich leis a h-uile tachartas poblach, tha feum aig Mòdan air maoineachadh gus an leigeil air adhart, agus tha sinn taingeil airson taic leantainneach bhuidhnean poblach agus phrìobhaideach le bhith gan lìbhrigeadh, agus tha sinn taingeil cuideachd gum bheil an Riaghaltas mothachail air a chuid dleastanais dhan Ghàidhlig agus a dualchas.

Ailean Caimbeul
Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich

Message from the President

An excellent Royal National Mod 2017 in Lochaber! Congratulations to the Mod Lochaber Local Organising Committee and to An Comunn's officer team who managed the event so professionally. Thanks also to the Lochaber community for its warm hospitality. We were encouraged by a variety of factors, ranging from participant numbers, the standard of competitor fluency, and the degree of public awareness of this part of their cultural heritage.

Scotland's Deputy First Minister, John Swinney's remarks at the Mod Opening Ceremony were particularly encouraging when he pledged total support to Gaelic language development and promised to do all he can to help the initiative.

In my own address at the opening I was proposing that the Royal National Mod and the Provincial Mods should be recognised as an important part of the vital dynamic which motivates the use of Gaelic nationwide. All the Mods bear witness to an enormous voluntary commitment by many thousands of people, as both participants and supporters, and the Mods also encourage hundreds to start learning some Gaelic.

However, like all public events Mods also require financial help to enable their realisation and we are hugely grateful for the continuing support of public bodies and private sector companies which enable their delivery, and we are also appreciative of the Government's understanding of its responsibility for Gaelic and its culture.

Allan Campbell
President, An Comunn Gàidhealach





Taing bho Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar 2017

Às leth Meur Loch Abar bu toigh leam taing mhòr a thoirt dha na càirdean againn a rinn uiread de dh' obair gu saor-thoileach gus Mòd air leth soirbheachail a chuir air doigh am bliadhna.

Bhiodh e do-dhèanta prìs a chur air na h-uairean fada a bha stiùbhardan, luchd-cathrach agus britheamhan cho deònach agus toilichte a dhèanamh. Cha bhiodh Mòd ann idir as an aonais agus tha sinn fada nan comain.

Tha sinn taingeil cuideachd, do mhuinnitir Loch Abar a bha cho taiceil dhan Mhòd agus dha na h-ostairean agus luchd nan taighean seinnse airson cèilidhean a-ruith fad na seachdain.

Tha sinn mothachail air obair oifigearan a' Chomuinn, air an eòlas a th'aca agus cho furasta agus cho tlachd-mhòr agus a bha e ag obair comhla riutha.

Air mo shon fhèin bha mi fortannach dha rìreabh gun robh Comataidh Ionadail againn aig an robh an eòlas agus na sgilean a bha dhith oirnn. Rinn iad obair do-chreidsinneach thar ceithir bliadhna.

Mòran taing dhuibh uile.

Raghnall Camshron,
Neach-gairm, Comataidh Ionadail Mòd 2017



Thanks from the Mod 2017 Local Organising Committee

On behalf of the Lochaber Branch, I would like to thank all our friends who gave their time freely to ensure that we staged a successful Mod this year.

It is impossible to put a price on the number of hours that stewards, chairpersons and all the other volunteers worked and were so happy to do so. The Mod could not have taken place without them and for that we are most grateful.

We are also grateful to the people of Lochaber who gave the Mod a warm welcome to the area and to the hotels and pubs for providing entertainment throughout the week.

We must also acknowledge the work of the officers of An Comunn Gàidhealach for their advice and for being so easy to work with.

On a personal level, I was most fortunate to have such a knowledgeable and skillful Committee to work with. They worked tirelessly over the past 4 years.

Many thanks to each and every one of you.

Ronald Cameron
Convener, Mòd 2017 Local Organising Committee

Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Dunoon - 12-20 October 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Glasgow - 11-19 October 2019

Inbhir Nis — 9-17 Dàmhair 2020

Inverness - 9-17 October 2020

2021—Pàislig no Peairt—tbc

2022—Pàislig no Peairt—tbc

Sàr Ghàidheil ga bhualeachadh air Iain Macleòid

A thuilleadh air na teisteanasan acadaimigeach a chaidh a thoir seachad aig Sabhal Mòr Ostaig san Dàmhair, chaidh an t-urrام Sàr Ghàidheal a bhualeachadh air dithis a tha air saothair mhòr a dhèanamh a thaobh dualchas, cultar agus cor na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean: Iain MacLeòid à Leòdhas agus an Dr Urramach Ruairidh MacLeòid, à Uibhist a Tuath.

Mar a bhios fios agaibh, tha Iain MacLeòid air a bhith an sàs ann an obair a' Chomunn Ghàidhealaich airson iomadach bliadhna, air a' bhòrd stiùiridh agus mar Ceann-suidhe na buidhne. Tha e air an t-uamhas obair a dhèanamh airson a' Chomunn.

Thuirt Prionnsapal Sabhal Mòr Ostaig OGE, an t-Ollamh Boyd Robasdhan: "Tha an dithis air a bheil sinn a' buileachadh inbhe Sàr Ghàidheil am-bliadhna glè aithnichte ann an saoghal na Gàidhlig agus fior airidh air an urram. Tha maiteas na Gàidhlig nan smior agus tha an gniomhan às leth a' chànan is an dualchais air a bhith suaicheanta. Tha Iain MacLeòid air a bhith a cheart cho dealasach na shaothair a' strì airson chòraichean is inbhe dhan chànan agus airson foghlam tron Ghàidhlig agus mar bhall de dhiofar bhuidhnean leasachaiddh is na Cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealach. Tha an Dr Urramach Ruairidh MacLeòid air obair ionmholta a dhèanamh ann an iomadh raon; san eaglais, sa choimhearsnachd, ann an obair rannsachaiddh, sgoilearachd, sgrìobhaidd is foillseachaiddh agus ann an obair comhairle. Da Leòdach às am bitheadh bana-bhàrd a' chinnidh, Màiri Nighean Alasdair Ruaidh, da-rìribh moiteil!"

Tha a h-uile duine againn aig a' Chomunn Gàidhealach airson meal an naidheachd a chur air Iain, tha sinn gu math pròiseil dheth agus 's e a tha airidh air an duais seo.

John Macleod Awarded Sàr Ghàidheal

In addition to celebrating the academic achievements of students at Sabhal Mòr Ostaig in October, John MacLeod, from Lewis and Rev Dr Roderick MacLeod, originally from North Uist, were awarded the Sàr Ghàidheal honour in recognition of their tremendous contribution and dedication in support of the Gaelic language and culture across a wide range of fields.

As you will be aware, John Macleod has been heavily involved in An Comunn Gàidhealach for a number of years, as Director on the Board but also as President of the organisation. He has done a tremendous amount of work for An Comunn.

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig UHI said: "The recipients of this year's Sàr Ghàidheal (Supreme Gael) awards are well-known in the Gaelic world and very deserving of the honour. They have the good of Gaelic at heart and their deeds and achievements in support of the language have been remarkable. Rev Dr Roderick MacLeod has made an outstanding contribution across a number of sectors: in the church and in the community, in research, scholarship, writing and publishing and as an elected member of council. John MacLeod has been equally assiduous campaigning for language rights and status, for Gaelic-medium education and as a member of various development agencies and bodies and as President of An Comunn Gàidhealach. Mary MacLeod, the celebrated bardess of the Clan MacLeod, would be justifiably proud of these two kinsmen!"

All of us at An Comunn Gàidhealach would like to congratulate John on receiving this well-deserved award, we are very proud of him.



Tosgaire na Gàidhlig 2017

Chaidh duais Tosgaire na Gàidhlig a bhualeachadh air Seònaid NicDhòmhnaill à Tobar Mhoire, Muile am bliadhna. 'Be Iar Phriomh Mhiniestar na h-Alba, John Swinney a thug seachad duais na bliadhna seo. 'S e sàr charaid dhan Chomunn agus dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail a th'ann an Seònaid. Tha i air iomadach bliadhna a chur seachad an sàs anns a' bhuidhean, mar stiùiriche air Bòrd-stiuiridh a' Chomuinn agus mar Neach-gairm a' Mhòid, gus an do leig i dhith an dreuchd sin ann an 2016.

Tha i air mòran a dhèanamh airson cultar agus cànan na Gàidhlig thairis air a beatha. 'S e tidsear a bh' innte agus bho leig i dhith a dreuchd tha i air a bhith a' teagast cùrsaichean Gàidhlig Sabhal Mòr Ostaig. Tha i cuideachd air a bhith gu mòr an sàs ann am Mòd Ionadail Mhuile, ann an Fèis Mhuile agus measgachadh de bhuidhnean eile.

Tha Seònaid cuideachd air a bhith a' gabhail pàirt aig Mòdan Ionadail agus Nàiseanta thairis air na bliadhnaichean, ann an Còisirean agus choisinn i Bonn Òr a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an 1984. Bha i cuideachd a' seinn anns a' chòmhlan ainmeil, 'The Sound of Mull'.

Taing mhòr airson an sàr obair a tha sibh air a bhith a' dèanamh airson a' Chomuinn, na Mòdan agus airson na Gàidhlig a Sheònaid—mealaibh bh' ur naidheachd.

Gaelic Ambassador 2017

This year's Gaelic Ambassador award was presented to Janet Macdonald from Tobermory in Mull. The prestigious award was presented to Janet on the opening day of this year's Royal National Mod in Fort William, by John Swinney, Deputy First Minister of Scotland. Janet is a great friend of An Comunn Gàidhealach and The Royal National Mod. She has spent many years as a Director of the Board of An Comunn and as Convener of the Royal National Mod, the latter which she retired from in 2016.

She has dedicated much of her life to the Gaelic cause. Since retiring as a teacher she has been tutoring courses with Sabhal Mòr Ostaig as well as being involved in various organisations locally. She has been heavily involved with the Mull Provincial Mod and the Mull Fèis amongst other organisations.

Janet has also been involved with the Mod as a competitor throughout her life, both at a local and national level. She won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal in 1984. She was also a member of the popular ceilidh group, 'Sound of Mull'.

Many congratulations to Janet for this well deserved award and thank you for all that you have done and still do for An Comunn Gàidhealach and for the Gaelic cause.





TAING MHÒR





Tòraidhean Mòd 2017

Tha na tòraidhean airson farpaisean Mòd na bliadhna seo gu lèir air an làrach-lìn againn.

Bruthaibh an seo airson na tòraidhean airson gach latha.

Meal an naidheachd oirbh uile!

Dealbhan bho Mòd 2017

Tha dealbhan bho Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri fhaicinn air an làrach lìn againn.

Ma tha sibh airson dealbhan a cheannachd, cuiribh fios gu Graham Hood:
info@grahamhoodphotography.com
www.grahamhoodphotography.com

Pìosan Ainmichte Mòd 2018

Gheibhear foidhlichean pìosan ainmichte Mòd 2018 a cheannachd an seo.

Tha leabhraichean agus cds nam pìosan ainmichte cuideachd ri cheannachd bho na h-ofisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh.

Aigeallan Airgid 2018

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraighe.

Airson 2018 's e 'tàladh' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e 'òran-seilge' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A253 (Fireannaich).

Ceann-latha airson Cairtean Gàidhlig Mòd 2018

Bithibh mothachail, bho 2018 gum feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid.

Ma tha sibh airson latha measaидh a chur air dòigh no ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na measaidhean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Mòd 2017 Results

The results for all of this year's Royal National Mod competitions are available on our website.

Please click [here](#) to view the results from each day.

Congratulations to you all!

Mòd 2017 Photography

You can view photos from this year's Royal National Mod on our [website](#).

Should you wish to purchase any prints, please contact Graham Hood directly:
info@grahamhoodphotography.com
www.grahamhoodphotography.com

Mòd 2018 Music

You can buy and download the prescribed Pieces for Mòd 2018 [here](#).

Alternatively you can buy the music books and cds from our offices in Inverness and Stornoway.

Silver pendant qualifying 2018

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2018, the theme for A252 (Ladies) is 'lullaby' and for A253 (Men) 'hunting song'

Deadline for Mòd 2018 Gaelic Assessment Cards

Please note that from 2018 all competitors requiring Gaelic Assessment will have to gain their card before the Mod entry deadline .

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709 705.

www.ancomunn.co.uk





Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Latha Litreachais | Literature Day



Chaidh Latha Litreachais Mòd 2017 a chumail air Diciadain an 18mh den Dàmhair ann an Taigh-òsta Bheinn Nibheis sa Ghearastan. Bha sinn toilichte gu robh mòran an làthair air an latha, le talla loma-làn de neach-buannachaiddh, an teaghlaichean, luchd-taic nan duaisean agus mòran eile.

Chaidh duaisean a thoirt seachad do na farpaisich a choisinn an 1mh, 2mh agus an 3mh duais ann am farpaisean litreachas. Chìtheat cuid dhiubh anns an dealbh gu h-àrd. Bha sinn toilichte gu robh a' chuid as mothà den luchd-buannachaiddh an làthair airson na duaisean aca a thogail.

Tha Latha Litreachais air a bhith a' fàs nas mothà gach bliadhna. Tha e gu math misneachail faicinn uidhir de chlann agus inbhich a'sgriobhadh sgeulachdan, bàrdachd, òrain is eile agus tha sinn an dòchas gun cùm na h-àireamhan a' dol am meud anns na farpaisean seo. Meal an naidheachd oirbh uile.

The Mòd 2017 Literature Day took place on Wednesday 18th October in the Ben Nevis Hotel, Fort William. We were delighted with the turnout, with a hall full of prize-winners, their families, competition sponsors and many others.

Prizes were awarded to competitors who won 1st, 2nd and 3rd place in the literature competitions. Some of this year's prize-winners are pictured above. It was great that so many were able to join us on the day to collect their awards.

The Literature Day has been growing from strength to strength over the years. It is encouraging to see so many children and adults writing stories, poetry, songs and so on. We hope that the numbers will continue to rise in future years.

Congratulations to you all.



'B e Ross Christie a choisinn duais Neach-ionnsachadh na Gàidhlig 2017. Thòisich Ross ag ionnsachadh na Gàidhlig anns a' bhliadhna mu dheireadh sa bhun-sgoil. Chum e air fhad 's a bha e san Àrd-sgoil anns an Òban. Nuair a dh' fhàg e an sgoil, chaidh e dhan t-Sabhal Mhòr far an do rinn e an Cùrsa Comais. Tha e a-nis air an dàrna bliadhna aige. Meal do naidheachd, Ross.

The Gaelic Learner of the Year 2017 was Ross Christie. Ross started learning Gaelic in his final year of primary school. He continued to learn Gaelic during his time at Oban High School before going to Sabhal Mòr Ostaig to study and is now in his second year

All of this year's prize-winners are detailed in the results section of our website:

[Latha Litreachais Results](#)

Duaisean Leabhraichean 2017

'B e Maoilios Caimbeul a bhuanach Duais Clann MhicMhuirich airson an Leabhar Cloinne is fheàrr a chaidh fhoillseachadh thairis air a' bhliadhna a-chaidh seachad, le
'An Triùir agus Lùbag'.

'B e Dòmhnull Eachann Meek a bhuanach an duais airson an Leabhar Inbhich is fheàrr a-chaidh fhoillseachadh thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad airson 'Sreathan anns a' Ghainmhich.

Bha mòran leabhraichean a-staigh airson an fharpais seo agus cha robh e idir furasta dha na britheamhan taghadh cò bha faighinn na duaisean. Taing mhòr dha na britheamhan agus meal an naidheachd air Maoilios agus Dòmhnull.

Chaidh na leabhraichean a leanas a chur air adhart airson na farpaisean seo :

The following books were submitted for these competitions:

Leabhraichean Cloinne

Grumpa – 'Am Bodach Busach' – Ceitidh Hutton (Dealain-D'e

Seo agaibh Morse! – Gracie Summers, dealbhan le Veronica Petri (Acair)

An Triùir agus Lùbag – Turas ro na Seachd Tìrean – Maoilios Caimbeul (Acair)

Seumas is Eòghainn a' dol dhan Sgoil Shàbaid – Nan Ghreumach NicDhòmhnaill (Clò Chrabhaig)

Leabhraichean Inbhich

Le Mùirn – Catriona Mhoireach (Ceòl 's Craic)

Mil san Tì – Seonag Monk (Acair)

Sreathan anns a' Ghainmhich – Bardachd, Duanagan is Òrain – Dòmhnull Eachann Meek (Acair) Litrichean às an Eadailt – Uilleam Aonghas MacMhathain (Acair)

A' toirt mo Chasan Leam – Maureen NicLeòid (Acair)

An Làmh a Bheir – Seonaidh Charity (Sandstone Press)

A' Choille Fhiadhaich – Coinneach Lindsay (Sandstone Press)

Banais na Bliadhna – Maureen NicLeòid (Sandstone Press)

Lus na Tùise – Lavender – Marcas Mac an Tuairneir (Bradan Press)



Tha Cuimhn' Agam – Calum Laing (Grace Note Publications)

Leabhraichean Ùr

Mar phàirt de Latha Litreachais na bliadhna seo, chaidh dà leabhar ùr a chur air bhog le Acair.

An toiseach, chaidh 'Granaidh Afraga' le Mòrag Anna NicNèill a chur air bhog. Leabhar cloinne, a tha air leth eòbhinn. Leugh Mòrag Anna beagan airson blasad a thoirt dhan luchd-èisteachd air cò mu dheidhinn a bha an leabhar aice.

Chaidh 'Cridhe Creige', le Anna Frater a chur air bhog cuideachd. 'S e leabhar bàrdachd a tha seo, an dàrna cruinneachadh den bhàrdachd aig Anna le measgachadh de chuspairean co-cheangailte ris an tiotal.



Book Awards 2017

As part of this year's Mod Literature competitions, the Clan Currie Prize for Best Book for Children published in the past year was 'An Triùir agus Lùbag' by Myles Campbell.

The Best Book for Adults published in the past year was 'Sreathan anns a' Ghainmhich' by Donald Eachann Meek.

A large number of books were submitted for both competitions by publishers and it was not an easy task for the adjudicators to choose a winner.



Many thanks to our adjudicators and congratulations to Myles and Donald.

New Books Released

As part of this year's Literature day, Acair launched two books at the prize-giving ceremony.

'Granaidh Afraga', by Morag Anna MacNeil, is a children's book, a humorous story. Morag Anna read snippets of the book to give the audience a taste of what to expect.

The second book to be launched was 'Cridhe Creige', a collection of poems by Anne Frater. This is the second book of poetry from Anne, with a mix of topics and themes relating to the title of the book.



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017

Dannsa Gàidhealach - Highland Dancing Winners

Beginner 8 yrs Winner	Skye Erith, Helensburgh
Beginner 8 yrs Runner-up	Farrah Watkins, Buckie
Beginner 15 yrs Winner	Abigail Ross, Inverness
Beginner 15 yrs Runner-up	Rhian Daly, Fort William
Novice 9 yrs Winner	Megan Mitchell, Crieff
Novice 9 yrs Runner-up	Summer Leonard, Rothesay
Novice 13 yrs Winner	Hollie Shumway, Glenrothes
Novice 13 yrs Runner-up	Muireann Dalton, Glasgow
Intermediate 9 yrs Winner	Willow Brown, Newmachar
Intermediate 9 yrs Runner-up	Louisa Milne, Huntly
Intermediate 13 yrs Winner	Eilidh Simpson, Munlochy
Intermediate 13 yrs Runner-up	Erin Jackson, Appin
Premier 9 yrs Winner	Leah Aitken, Alexandria
Premier 9 yrs Runner-up	Lilly Dunbar, Keith
Premier 10 yrs Winner	Maria Monk, Glasgow
Premier 10 yrs Runner-up	Holley Carmichael
Premier 11 yrs Winner	Isla McGregor, Inverkip
Premier 11 yrs Runner-up	Emily Rafferty, Leven
Premier 12 yrs Winner	Elli Closs, Perth
Premier 12 yrs Runner-up	Beth Campbell, Skye
Premier 13 yrs Winner	Elisa Morrison, Benbecula
Premier 13 yrs Runner-up	Breda MacKinnon, Paisley
Premier 14 yrs Winner	Mary Mac Coll, Lesmahagow
Premier 14 yrs Runner-up	Iona McKinley, Campbeltown
Premier 15 yrs Winner	Hannah Ledgerwood, Alexandria
Premier Adult Winner	Rebecca Sproat, Bonhill
Premier Adult Runner-up	Linzi Cameron, Campbeltown



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018

Earrannan Ainmichte | Prescribed Pieces

Beul-aithris-Fileantaich
Orals-Fluent

C22	Ma thachras tu...
C22A(i)	Tractar Buidhe le Rothan Dubh'
C22A(ii)	Trom-Laighe
C42(i)	A' Ghealach
C42(ii)	Chuir iad ann am bothan mi
C42A(i)	Duan an Dannsair
C42A(ii)	Lag nan Cruachan
C92	Còmhaghail
C142	An roghainn fhèin



Beul-aithris-Luchd-ionnsachaidh
Orals-Learners

C26	Na Brògan Ùra
C26A	Tic Toc Ars' an Cloc
C49	Beul na h-Oidhche
C49A	Dìthean Sheòrais
C100	Anns a' Mhonadh

Beul-aithris-Fosgailte
Orals-Open

C150	An roghainn fhèin
------	-------------------

Òrain na cloinne-Fileantaich
Solos-Fluent

C23	Am bodach 's an rocaid
C23A(i)	A' phiseag amaideach
C23A(ii)	Ràith a' gheimhridh
C44(i)	Cha b' ann ri gual a gharainn thu
C44(ii)	B' e gairbhe na gaoithe
C44A(i)	An gille dubh cha trèig mi
C44A(ii)	Gillean an fhèilidh
C45	Muile nam mòr-bheann
C45A	Mo chùlaibh ris a' bhaile seo
C95	Dòmhnull nan Dòmhnull
C96	O till, a leannain

Òrain na cloinne-Luchd-ionnsachaidh
Solos-Learners

C27	Tha Dadaidh ag obair
-----	----------------------



- C27A A bhanarach chaoin
 C51 Am faca tu 'n gobha?
 C51A Cumha nan iasgairean
 C52 Iain, a luaidh, nach pòs thu?
 C52A Thogainn fonn air lorg an fhèidh
 C102 Mo ghaol air Marcos Latharna
 C103 Marbhphaisg air an òige



Òrain na cloinne-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Fluent & Learners

- C155 An roghainn fhèin
 C156 An roghainn fhèin

Òrain Chòisirean-Fileantaich
 Choral-Fluent

- C71 'S toigh leam cruinneag dhonn nam bò
 (An roghainn fhèin)
 C72 Òran na maighdinn-mhara
 (An roghainn fhèin)
 C73 Siùdaibh 'illean, gabhaidh 'm port
 Fear a bhios fada gun phòsad

Òrain Chòisirean-Luchd-ionnsachaidh
 Choral-Learners

- C03 Hò rò hò-ù mo nigh'n donn
 (An roghainn fhèin)
 C76 Air an tràigh
 (An roghainn fhèin)
 C77 Bidh Clann Ulaidh
 (An roghainn fhèin)
 C78 Seice Ruairidh
 Tha mi dol a dhèanamh banais
 C173 Eilean beag donn a' chuain
 (An roghainn fhèin)
 C174 Cùm ur n-aire
 (An roghainn fhèin)
 C175 Ille chrùbaich anns a' gheann
 'S grin a' chaileag Mairi Anna

Òrain Chòisirean-Fileantaich & Luchd-ionnsachidh
 Choral-Fluent & Learners

- C110 Ma thèid mise tuilleadh
 (An roghainn fhèin)
 C111 Am buachaille bànn
 (An roghainn fhèin)



- C112 Bhon chuir mo leannan cùlaibh rium
 Dh'fhalbhainn sgiobalta
 Ruidhleadh mo nighean donn



Earrann nan inbheach
Senior Section

Rian air òrain
 Musical arrangements

- L409 An roghainn fhèin
 L409 An roghainn fhèin

Beul-aithris
 Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Orals - Fluent & Learners

- A204 An roghainn fhèin - Bàrdachd a' Chiad Chogaidh
 A205 An roghainn fhèin – A' Chiad Chogadh

Òrain aon neach-Fileantaich
 Solos-Fluent

- A220 An roghainn fhèin
 A221 An roghainn fhèin
 A222 Fuadhach nan Gàidheal
 A223 Cumha Coire Cheathaich
 GSL224 Òran Cladaich
 GSM224 Tuireadh
 A234 An sporan falamh

Òrain aon neach-Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Learners

- A250 A' chuairt-shamhraidh
 A251 Ho ro 's toigh leam fhìn thu
 SSL254 Bràigh Ùige
 SSM254 Long mo bhruadair

Òrain aon neach-Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
 Solos-Fluent & Learners

- A271 Eilean Idhe
 A272 An roghainn fhèin



Òrain Chòisirean
Choral

- A300 Siubhal a' Choire
(Lorn Shield)
- A301 Taigh an Uillt
(Lovat & Tullibardine)
- A302 An t-Iarla Diùrach
(Margrat Duncan)
- A303 Maraiche nan Cuantan
(Sheriff MacMaster)
- A304 Cumha Cruachain
(Ladies)
- A305 Gheibhinn cadal math
(Ladies)
- A306 Siud mar chaidh an càl a dholaidh
Bat' an tàilleir
Cìobairean Taobh Loch Odha
(Puirt)
- A307 Don Stiùbhard air dha bhith fàgail a' 'Fusilier'
(Male)
- A308 Mo chuilean mìn
A chaile dhuhb a' sgùlair
Gu dè thug dhan bhaile seo thu?
(Puirt)
- A309 An roghainn fhèin



Comunn na Clàrsaich

(The Clarsach Society)



Clarsach Competitions Test Pieces

ROYAL NATIONAL MOD

Dùn Omhain

2018

Co-fharaisean Clàrsaich – Clarsach competitions

Junior Competitions (under 18 years)

Solo singing with self-accompaniment –

- B320:** Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Solo playing – Introductory class for beginners (Up to Grade 1)*

- B321:** Own choice instrumental piece of Gaelic music.

Solo playing – Elementary (Grade 1)*

- B322:** a) Caisteal a' Ghlinne *Arr. Elinor Evans*
 b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate 1 (Grade 2-3)*

Solo playing – Intermediate 2 (Grade 3-4)*

- B323A:** a) Caidil mo ghaoil *Arr. Pippa Reid Foster*
 b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Advanced (Grade 5)*

- B324: a) Clachan Ghlinn da Ruaidheil Arr. Màiri Macleod
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed **4 mins.**

Clarsach duet – under 13 yrs

- B330:** Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Clarsach duet – 13 to 18 yrs

- B330A:** Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Recital Class – Grade 6 and above

- B332:** Open to **any players** of gut and/or wire harp. A well balanced **10 minute** programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic, or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

* Refers to RCS Scottish Traditional Music Exam syllabus. Own choice pieces should be of a comparable standard to those set in this syllabus.

Senior Competitions (18 years and over)

Solo playing – Elementary

- B325: a) Theid, 's gun d'theid mi thairis Arr. C Brown
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo playing – Intermediate/Advanced

- B326: a) Deirdre a'Fagail na h-Albann Arr. Isobel Mieras
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed **3 mins.**

Solo singing with self-accompaniment –

- B327: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed **5 mins.**

Clarsach duet –

- B333: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music.
Not to exceed **5 mins**

Open Competitions

Composition class –

- B329: An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clarsach in the style of a slow air, pipe march,
strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clarsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer.

A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged - not the performance. Manuscripts are not required.

Clarsach ensemble –

- B331: Any number of instruments or voices but to include no fewer than 3 clarsachs. Own choice of Gaelic music. Not to exceed **6 mins. No marks will be given for this class. The adjudicator(s) will give an appreciation of each performance and announce the winners.**





An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseanta Rioghail | The Royal National Mod

2018 MÒD DHÙN OMHAINN 12-20 DÀMHAIR | DUNOON 12-20 OCTOBER

2019 MÒD GLASCHU 11-19 DÀMHAIR | GLASGOW 11-19 OCTOBER

2020 MÒD INBHIR NIS 9-17 DÀMHAIR | INVERNESS 9-17 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail | Provincial Mods

LEÒDHAS LEWIS

NA HEARADH HARRIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

SRUIGHLEA STIRLING

GLASCHU GLASGOW

CILLE BHRIÐHE AN EAR EAST KILBRIDE

INBHIR NIS INVERNESS

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

ÌLE ISLAY

AN T-ÒBAN OBAN

UIBHIST UIST

NA DREÒLLUINN MULL

LOCH ABAR LOCHABER

BARRAIGH IS BHATARSAIL BARA

SIORRACHD PHEART IS AONGHAIS PERTHSHIRE & ANGUS

For Provincial Mod dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282




Bùth a' Chomuinn

Leabhraichean Cloinne

Leabhraichean Inbhich

Cairtean Ghàidhlig

Bábog & CDs



WWW.ANCOMUNN.CO.UK

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk



Gaelic CDs
Bábog Teddy
Gaelic Greeting Cards
Gaelic Books for Adults
Gaelic Books for Children
Bùth a' Chomuinn



WWW.ANCOMUNN.CO.UK

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN

Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Bùth a' Chomuinn

Faodaidh sinn toiseachadh a' smaoineachadh mu dheidhinn na Nollaig a-nis seach gu bheil am Mòd seachad airson bliadhna eile

Tha taghadh de CDs aig Bùth a' Chomuinn le cuid de na CDs as uire ann an saoghal na Gàidhlig nam measg.

Thigibh a chèilidh oirnn ma tha sibh ann an Steòrnabhagh no tadhalaibh air an làrach lìn againn agus cuiridh sinn òrdugh thugaibh tron phost: <http://www.ancomunn.co.uk/store/>

Cuimhnichibh gum faigh buill a' Chomuinn lùghdachadh 10% air CDs is leabhaircian.



Bliadhna na h-Òigridh

Tha Alba Chruthachail a' tabhach maoin airson greisean-trèanaidh cruthachail do bhuidhnean chultarail gus cothroman a thoirt do dh' òigridh sgillean ùr ionnsachadh.

Chaidh am maoin seo a chur air bhog air a' mhìos a chaidh seachad. Tha dhà de na Greisean-trèanaidh airson luchd-labhairt na Gàidhlig a-mhàin.

Bruthaibh air a' cheangal gu h-iosal airson tuilleadh fiosrachadh:

<https://opportunities.creativescotland.com/opportunity/index/e2e70cc6-31db-43c4-bd74-9058b38bb91d/?Ref=%2F>



Carol NicThòmais (Nic a' Bhreatanaich)

Bha sinn duilich cluinntinn gun do chaochail Carol NicThòmais na bu tràithe air a' mhìos seo, aois 87 bliadhna.

Bha Carol pòsta aig a' bhàrd ainmeil, Ruairidh MacThòmais.
Bha i na màthair, seanmhair agus seann-seanmhair.

Choisinn i Bonn Òr a' Chomuinn ann an 1951 ann an Dùn Èideann.

Tha sinn a' cuimhneachadh air a teaghlach aig an àm duilich a tha seo.

An Comunn Shop

Now that the Mòd is over for another year, we can start getting excited about Christmas!

Bùth a' Chomuinn has a great selection of CDs in stock, including some of the newest releases in Gaelic music.

Come and say hello to us if you are in Stornoway or visit our online store and we can post your order to you:

<http://www.ancomunn.co.uk/store/>

Remember that ACG members get 10% off CDs and books.



Year of Young People Creative Traineeships Fund

Cultural Organisations are being invited to apply for funding to host Creative Traineeships and give young people the opportunity to gain skills and experience that potential employers will value.

The Year of Young People Creative Traineeships Fund was launched earlier this month. Two of the Traineeships will specifically support arts/creative organisations to host creative Traineeships for young **Gaelic speakers**, to help them develop their creative work in Gaelic.

Please click on the following link for further details:

<https://opportunities.creativescotland.com/opportunity/index/e2e70cc6-31db-43c4-bd74-9058b38bb91d/?Ref=%2F>

Carol Thomson (Galbraith)

It was with great sadness that we learned of the passing of Carol Thomson earlier this month, aged 87 years.

Carol was married to the famous Gaelic scholar and poet, the late Professor Derick S. Thomson. She was a much-loved mother, grandmother and great-grandmother.

Carol was a wonderful singer, she won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal in 1951 in Edinburgh.

Cafaidh Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh



Disathairne 9th Dùblachd ~ Saturday 9th Dec. 2017

10.30am – 11.30am

Madainn Chofaidh airson ur cuid Gàidhlig a chleachdadadh!

**Cothrom cairtean Nollaige Gàidhlig, ceàirdean is
leabhrachaean a cheannach!**

Coffee Morning for people interested in using their Gaelic!

Gaelic Christmas cards, crafts items and books!

Cafaidh Nourish, Sràid na h-Eaglaise, Inbhir Nis

Nourish Café, Church Street, Inverness



Urram nan Gàidheal air a bhualeachadh air an Dr Fionnlagh MacLeòid aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba

Chaidh oidhche Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2017 a chumail ann an Glaschu an t-seachdain seo (Diciadain 15 Samhain) le mu 200 duine an làthair anns an Taigh-òsta Grand Central airson na còigearm bliadhna de na duaisean.

Am measg na fhuair duaisean chaith Urram nan Gàidheal a bhualeachadh air an Dr Fionnlagh MacLeòid à Leòdhas a tha ainmeil mar ùghdar, craoladar, tidsear agus neacheachdraidh agus airson nan tàlantán a th' aige ann an iomadh raon eile. A' toirt seachad na duaise do Mhgr MacLeòid, às leth Bhòrd na Gàidhlig, thuirt Dòmhnull MacLeòid a tha na bhall air a' Bhòrd: "Tha Dr Finlay air a bhith ag obair gu dicheallach a thaobh foghlaim, a thaobh craolaidh, a thaobh nan ealain, a thaobh eachdraidh, a thaobh sgrìobhaidh agus a thaobh iomadh rud eile. Tha e mion-eòlach air iomadh cuspair eadardhealaichte, nam measg teampaill, tobraichean slàinte, ainmean-àite, fir-tàileisg Leòdhais, togail dhealbh, arc-eòlas, stri an fhearrainn, agus an t-àite a th' aig creideamh agus foghlaam ann an coimhearsnachdan. A-nochd tha sinne ag aithneachadh na h-obrach a rinn Dr Finlay agus tha sinn air leth toilichte an Duais seo a thoirt dha - Urram nan Gàidheal."

Am measg na feadhna eile a fhuair duaisean bha Art MacCarmaig a fhuair Sàr Dhuais na Gàidhlig airson na h-obrach ionmholta a tha e air a dhèanamh fad bhliadhnaichean a' seasamh an àirde airson a' chàin agus a' freagairt chasaidean a bhios a' nochdadh anns na meadhanan le argamaidean a tha gu math mionaideach agus puingeil.

Fhuair Pàdrug Moireasdan à Uibhist a Tuath, a tha na oileanach ann an Dùn Èideann, an Duais Tosgaire Òg na Bliadhna.

Chaidh Duaisean Gàidhlig na h-Alba a thòiseachadh leis a' phàipear-naidheachd nàiseanta an Daily Record le taic bho Bhòrd na Gàidhlig ann an 2013 agus tha an tachartas cuideachd a' faighinn taic bho HIE, Alba Chruthachail, MG ALBA agus am buidheann priobhaideach Thorntons Investments. Tha liosta den fheadhainn a bhuannaich gu h-ìosal

Duais airson Taic do dh'Innsachadh

A' Chomataidh aig Buidheann Disathairne

An Duais Ealain is Chultarach

Le taic bho Alba Chruthachail
Alex NicDhòmhnaill

An Duais airson Tachartas

Comunn Eachdraidh Nis

An Duais Coimhearsnachd, Dualchais is Turasachd

Le taic bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
Buidheann-leasachaiddh Gàidhlig Fhòbha

Sàr Dhuais na Gàidhlig

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig
Art MacCarmaig

An Duais Eadar-nàiseanta

Le taic bho MG ALBA
Raibeart MacMhuirich

An Duais airson Innleachdas ann am Foghlaam Gàidhlig

Lasadh

Tosgaire Òg na Bliadhna

Pàdrug Moireasdan

Duais Eaconamach na Gàidhlig

Le taic bho Thorntons Investments
Fèisean nan Gàidheal

Urram nan Gàidheal

An Dr Fionnlagh MacLeòid



Lifetime Achievement award for Dr Finlay Macleod at Scottish Gaelic Awards

The 5th Scottish Gaelic Awards were held at the Grand Central Hotel in Glasgow this week (Wednesday 15 November) with over 200 guests in attendance.

The main award of Lifetime Achievement was bestowed on Dr Finlay MacLeod from Lewis who is well known as an author, broadcaster, teacher and historian as well as having many other talents.

The award was presented to Dr MacLeod on behalf of Bòrd na Gàidhlig by Donald MacLeod, Board member of Bòrd na Gàidhlig who said "Dr Finlay has been involved from early on in key developments in Gaelic education, broadcasting, the arts, writing, publishing and much more. Dr Finlay has spent a lifetime studying many of the aspects of life in the Western Isles and he has worked tirelessly on a range of initiatives which have contributed to life in Lewis and further afield. He is an expert on a wide range of topics including chapels, healing wells, place-names, the Lewis Chessmen, island photography, archaeology, the land struggles and the place of religion and education in communities. Over the years Dr Finlay has provided many people with detailed information, advice and, most importantly, encouragement to pursue different projects. Dr Finlay and his wife Norma have welcomed many students, journalists and writers to their home where they provide support, guidance and friendship. Many individuals and groups have recognised the immense contribution Dr Finlay has made to Gaelic. Tonight we recognise the contribution he has made and we are delighted to present him with this Lifetime Achievement Award

Among the other award-winners were Arthur Cormack who was awarded the Best Contribution award which recognises his efforts in standing up to ill-informed and often incorrect media criticism of Gaelic while Pàdrraig Morrison from Grimsay North Uist and who is a student in Edinburgh won the Young Gaelic Ambassador award.

The Scottish Gaelic Awards were first staged in 2013 by the Daily Record newspaper with support from Bòrd na Gàidhlig and support also comes from HIE, Creative Scotland, MG ALBA and the private sector company Thorntons Investments. The full list of winners can be seen below.

Learner Award

Organising Committee - Buidheann Disathairne

Arts & Culture Award

Sponsored by Creative Scotland
Alex MacDonald

Event Award

Comunn Eachdraidh Nis

Community, Heritage & Tourism Award

Sponsored by Highlands and Islands Enterprise
Fife Gaelic Development Group

Best Contribution Award

Sponsored by Bòrd na Gàidhlig
Arthur Cormack

International Award

Sponsored by MG ALBA
Robert Currie

Innovation in Education Award

Lasadh

Young Gaelic Ambassador of the Year Award

Pàdrraig Morrison

Gaelic as an Economic Asset Award

Sponsored by Thorntons Investments
Fèisean nan Gàidheal

Lifetime Achievement Award

Dr Finlay MacLeod



Còisir Gàidhlig nan Loch 60 Bliadhna!

'S e bliadhna sònraichte a tha seo dha Còisir nan Loch agus airson seo a chomharrachadh, chaithd dìnear agus cèilidh a chumail ann an Talla Bhaile Steòrnabhaigh air a' mhìos seo.

Bha mòran an làthair airson an oidhche seo a chomharrachadh, nam measg bha buill a' chòisir fhèin, feadhainn a b' àbhaist a bhith anns a' chòisir, caraidean bho chòisirean eile agus feadhainn a thàinig bho tir-mhòr airson an tachartas.

Thàinig seinneadairean còmhla air an àrd-ùrlar bho measgachadh de chòisirean agus feadhainn dhiubh a bha nam buill den chòisir thairis air na bliadhnaichean. Bha oidhche air leth aca.

Meal an naidheachd oirbh uile – tha An Comunn Gàidhealach a' guidhe iomadh bliadhna soirbheachail dhuibh mar chòisir.



Lochs Gaelic Choir with conductor,
Ronnie Murray



Pictured above are all the choir members and guests who were in attendance on this special evening.



Tom Maciver and Janet Burns, former Conductor and daughter of Mrs Catherine Macdonald, the first Conductor and founder of Lochs Gaelic Choir

Lochs Gaelic Choir is 60!

This is a very special year for Lochs Gaelic Choir. To mark the occasion they hosted a dinner and ceilidh in Stornoway Town Hall earlier this month.

There was a great turn-out for the event, which included current choir members, past choir members, friends from other island choirs and they were also delighted to have members from mainland choirs in attendance as well.

A massed choir took to the stage on the evening as part of the celebrations. It truly was a fantastic evening which was enjoyed by all.

Many congratulations to the choir from all at An Comunn Gàidhealach—we wish you many more successful years as a choir.



A massed choir took to the stage on the evening which included members from Tong, Back, Carloway, Melvich and Harris Choirs.

Aithisg Bhliadhnaill Bhòrd na Gàidhlig air a foillseachadh

Chaidh an Aithisg Bhliadhnaill airson 2016-2017 aig Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann ann an Alba ris a bheil e an urra leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart, fhoillseachadh an-diugh (Diluain 30 Dàmhair) aig coinneamh de Chòmhdhail na Gàidhealtachd is nan Eilean san Òban.

Tha an aithisg a' toirt iomradh air na prìomh leasachaidhean a tha am Bòrd air a thoirt air adhart agus dhan tug e taic sa bhliadhna a dh'fhalbh. Nam measg bha: an treas Plana Càin Nàiseanta Gàidhlig a chaidh a dhealbh; na cumhachan Gàidhlig ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chaidh a chur an gnìomh; co-obrachadh le barrachd is barrachd bhuidhnean poblach a tha a' cur Phlanaichean Gàidhlig an sàs; taic don obair gus cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig a chur air adhart gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta; taic do dh'foghlam sgoile agus nan tràth-bhliadhnaichean tron Ghàidhlig; agus taic-maoineachaidh do thidsearan gus na sgilean aca a leasachadh agus do dh'oileanaich a bha a' trèanadh airson a bhith nan tidsearan.

Chomharraich an Aithisg Bhliadhnaill adhartas nach beag tron bhliadhna, leithid:


- Tha 52 buidhnean poblach uile-gu-lèir ann a-nis le Planaichean Gàidhlig, a' gabhail a-steach Poileas Alba, Comhairle Baile Obar Dheathain agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba aig a bheil Planaichean Gàidhlig a fhuair aonta am-bliadhna
- Thugadh còrr is £4.3m de thaic-maoineachaidh do 300 buidheann tro na diofar sgeamaichean maoineachaidh
- Tha 75 buidhnean 0-5 Gàidhlig gan ruith gach seachdain ann an Alba
- Barrachd cloinne ann am foghlam bun-sgoile na Gàidhlig
- Barrachd sgoilearan a' gabhail co-dhiù aon chuspair tron Ghàidhlig san àrd-sgoil
- 15,000 duine cloinne ag ionnsachadh Gàidhlig no tron Ghàidhlig aig diofar ìrean ann an sgoiltean air feadh Alba
- Cumhachan Gàidhlig ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016
- Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig air fhoillseachadh
- Chaidh e-Sgoil a stèidheachadh sna h-Eileanan an Iar far a bheil e air soirbheachadh, agus e na amas dhaibh barrachd chothroman a thoirt air-loidhne do sgoilearan air feadh Alba air cuspairean a' churraicealaim ann an Gàidhlig
- Obair chom-pàirteach le MG ALBA gus barrachd ghoireasan a chruthachadh do luchd-ionnsachaidh tro LearnGaelic.scot agus bha còrr is 10,000 'like' a fhuair e air Facebook na chomharra air buaidh an làraich-lìn

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnullach, mun Aithisg Bhliadhnaill: "Tha Bòrd na Gàidhlig, ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba agus ar prìomh luchd-compàirt is coimhearsnachdan air feadh Alba, a' sealltainn tro iomairtean buadhdmhor is brosnachail gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh barrachd agus gum b' fhiach gach oidhrip gus an cànan a thoirt air adhart is lomhaigh na Gàidhlig a thogail am

measg an t-sluaigh. Tha e a' sìor fhàs follaiseach dhuinn cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do dh'eaconamaidh na h-Alba, agus mar a tha i na meadhan air ìrean coileanaidh nas àirde an lùib foghlaim agus air barrachd misneachd is cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan. Chan eil rian nach bi dùblain gu leòr romhainn, ach tha cothroman ann cuideachd, agus mar Bhòrd Stiùiridh tha sinn cinnteach gun urrainn dhuinn, le bhith ag obair còmhla ri càch, faighinn thairis air na dùblain agus gun tèid againn air na cothroman a ghabhail. Tha am Bòrd Stiùiridh airson taing mhòr a thoirt dhan iomadh duine agus buidheann sna coimhearsnachdan air feadh na dùthcha a tha ag obair gus cor na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic dhaibh, còmhla ri ar prìomh luchd-compàirt, gus dèanamh cinnteach gun lean an t-adhartas a tha sinn air fhaicinn a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig."

Thuirt an Leas-Phrìomh Mhiniestar, Iain Swinney "Tha mi a' cur fàilte air Aithisg Bhliadhnaill Bhòrd na Gàidhlig, a tha a' toirt iomradh air grunn de na prìomh iomairtean dhan tug iad taic sa bhliadhna a chaidh seachad. Tha e gu sònraichte na adhbhar misneachd gu bheil barrachd cloinne gan oideachadh ann am foghlam na Gàidhlig agus gu bheilear a' lorg fhuasglaidhean air uireasbhaidhean sam bith a th' ann agus a' faontainn dòighean a bharrachd gus taic a thoirt dhan foghlam sin, leithid e-Sgoil. Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' faicinn nan oidhirpean gus togail air an adhartas a rinneadh agus Bòrd na Gàidhlig a' toirt an ath Phlana Càin Nàiseanta Ghàidhlig gu buil."

Lean Ailean Dòmhnullach air: "Tha e gu h-àraidih freagarrach, airson grunn adhbharan, gu bheilear a' foillseachadh Aithisg Bhliadhnaill Bhòrd na Gàidhlig san Òban aig Còmhdhail na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha a' Ghàidhlig is a cultar air a bhith freumhaichte gu daingean ann an eachdraidh Earra-Ghàidheal fad iomadh linn; tha a' Ghàidhlig cudromach dhan eaconamaidh agus tha cothroman ann leis a' chànan cur ris an eaconamaidh; agus a thaobh foghlaim tha pàrrantan san Òban ag iarraidh gun tèid sgoil Ghàidhlig a chur air chois agus tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic a thoirt dhaibh a thaobh sin agus iad air maoineachadh a thoirt dhaibh gus a' chùis a sgrùdadh tron sgeama mhaoineachaidh chom-pàirteach aca."



Bòrd na Gàidhlig Annual Report published

The 2016-2017 Annual Report of Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development, has been published today (Monday 30 October) at a meeting of the Convention of the Highlands and Islands in Oban.

The report highlights the key developments undertaken by the Bòrd over the past year which have included the development of the third National Gaelic Language Plan; the Gaelic provisions of the Education (Scotland) Act 2016 being implemented; collaboration with a growing number of public bodies on the production and implementation of Gaelic Language Plans; support for the promotion of Gaelic language, music and culture nationally and internationally; support for early years and Gaelic medium education; the provision of funding for professional development for teachers and for students undertaking teacher training.

Key outcomes highlighted in the Annual Report include:


- 52 public bodies with Gaelic Language Plans including Police Scotland, Aberdeen City Council and The Scottish Ambulance Service among those to have had their Gaelic Plans approved this year
- Over £4.3m financial support provided to 300 organisations through various funding streams
- 75 0-5 years Gaelic groups running each week in Scotland
- Increased numbers of children in Gaelic medium primary education
- Growth in the number of pupils taking at least one subject in Gaelic in secondary school
- 15,000 children engaging with Gaelic at various levels in schools throughout Scotland
- Gaelic provisions within the Education (Scotland) Act 2016
- Publication of new Statutory Guidance on Gaelic Education
- The successful introduction of e-Sgoil in the Western Isles which aims to provide greater online access to curriculum subjects in Gaelic to students throughout Scotland
- Partnership working with MG ALBA on the development of more resources for learners through LearnGaelic.scot and its continued success with over 10,000 likes on Facebook

Commenting on the Annual Report Allan MacDonald, Chairman of Bòrd na Gàidhlig said “Bòrd na Gàidhlig, working together with the Scottish Government and key partners and communities throughout Scotland, continues to present a strong and positive case for the increased use of the Gaelic language and culture, its development and its promotion. We increasingly recognise the importance of Gaelic to the Scottish economy, to the levels of attainment in education and to increasing community confidence and empowerment. While there are undoubtedly some major challenges to be faced, there are also opportunities and as a Board we are confident that, by working together, these challenges can be met and the opportunities taken. The Board wishes to place on record its thanks to the many people and organisations in communities all over the country who work towards a

sustainable future for Gaelic. We will continue to support them, in conjunction with key partners, so that the Gaelic language and culture continues to make progress.”

Deputy First Minister John Swinney said: “I welcome Bòrd na Gàidhlig’s Annual Report, which highlights a number of key initiatives it has supported over the past year. In particular it is encouraging to see increasing numbers of children in Gaelic education and solutions being provided to address gaps and support existing provision, such as the e-Sgoil. I look forward to seeing this success built upon as Bòrd na Gàidhlig develops the next National Gaelic Language Plan.”

Allan MacDonald continued “Launching Bòrd na Gàidhlig’s annual report in Oban at the Convention of the Highlands and Islands is particularly appropriate for a number of reasons – Argyll has been the cradle of Gaelic language and culture; economically because of the opportunities that Gaelic offers for economic growth; and educationally as parents in Oban have been calling for a Gaelic school and Argyll and Bute Council has supported them through funding for a feasibility study from their innovative participatory budgeting funding.”



Craobh nan Leabhaircian

Aig an àm seo den a' bhliadhna, agus an Nollaig a' teannadh dlùth, tha Comhairle nan Leabhaircian airson taic a thabhann do theaghlaichean ann am bochdainn aig a bheil clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn mothachail gu bheil e doirbh do dh'iomadh teaghlaich air feadh Alba preusantan Nollaig a cheannach agus biadh a chuir air a' bhòrd. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig leughadairean Gàidhlig òga leabhar a leughadh air latha na Nollaig.

Tha sinn air sgrìobhadh gu sgoiltean Gàidhlig air feadh na dùthcha agus tha iad air molaidhean a thoirt dhuinn air na leabhaircian Gàidhlig a bhiodh a dhìth air teaghlaichean anns na sgoiltean aca.

Tha sinn air tiotalan nan leabhaircian seo a chur air Craobh nan Leabhaircian againn anns a' bhùth, agus tha iad rin ceannach air-loidhne cuideachd. Ma tha sibh airson leabhar Gàidhlig a cheannach do leughadair òg bho theaghlaich ann am bochdainn, nach tig sibh a-steach dhan a' bhùth no tadhail air an làrach-lìn againn.

Thèid na leabhaircian a cheannaicheas sibhse airson na h-iomairt seo a chur air ais gu na sgoiltean ron Nollaig airson an toirt seachad gu na teaghlaichean ann an dòigh iomchaidh. Bidh sinn a' sgaoileadh leabhaircian air Diluain 18 Dùblachd, is mar sin, bhitheamaid nur comain nan ceannacheadh sibh na leabhaircian ro Dhihaoine 15 Dùblachd.

Bileag Ùr: Slighe-leughaidh Gàidhlig

A bheil thu airson tuilleadh leabhaircian Gàidhlig a leughadh, ach gun for agad càite an tòisich thu?

Anns a' bhileag ùr seo, tha molaidhean air leabhaircian Gàidhlig do leughadairean aig a h-uile ìre, bho thiotalan dà-chànanach gu nobhailean làn-fhaid. Tha sinn airson 's gum bi cothrom aig a h-uile leughadair an t-slighe-leughaidh aca fhèin a chruthachadh, is gum faigh iad tlachd is toileachas bho leughadh sa Ghàidhlig!

Nam biodh a' bhileag seo feumail dhut, bhitheamaid toilichte a chur thugad ann an cruth PDF no anns a' phost. Cuir fios gu shelagh@gaelicbooks.org, fòn gu 0141 337 6211 no thig a-steach dhan a' bhùth.

Gaelic Book Gifting Tree

At this time of the year, with Christmas approaching, the Gaelic Books Council would like to offer support to struggling families who have children going through Gaelic medium education. We're aware that many families throughout Scotland find it difficult to buy Christmas presents and put food on the table and we'd like to make sure that young Gaelic readers have the opportunity to read a book on Christmas day.

We have written to Gaelic schools throughout the country, who have sent us suggestions of books which families within the school would not otherwise be able to buy.

All of the books have been displayed on our Book Gifting Tree in the shop, and they are also available to purchase online. If you would like to buy a Gaelic book for a young reader living in difficult circumstances, please come into the shop or visit our website: www.gaelicbooks.org.

The books you buy for this campaign will be sent back to the schools before Christmas to be distributed to the families in a suitable way. We will be posting the books on Monday 18th December, so we would ask that all books are purchased by Friday 15th December.

New Leaflet: Gaelic Reading Strategy

Do you want to read more Gaelic books, but have no idea where to start?

In this new leaflet, we have recommended Gaelic books for readers at all different levels, from bilingual titles up to full-length novels. We want all readers to have the opportunity to create their own reading journey and to get pleasure and enjoyment from reading in Gaelic!

If this leaflet would be useful to you, we would be delighted to provide you with copies, either as a PDF or hard copies through the post. Contact shelagh@gaelicbooks.org, phone 0141 337 6211 or pop into the shop!





★ Craobh nan Leabhairchean Gaelic Book-Gifting Tree ★



A' toirt an aon chothrom dhan a h-uile leughadair òg
Giving all young bookworms the same opportunity



www.gaelicbooks.org



Naidheachdan as Ùire bho Acair

Tha ceithir leabhairchean chloinne ùr a-nis rim faighinn bho Acair, dìreach deiseil airson àm Na Nollaig.

Tha 'Gu h-Àrd gu h-Ìosal' le Hanako Clulow, agus a' Ghàidhlig le Mòrag Stiùbhart, a' toirt sealladh mòrbhaileach do chloinne air an saoghal agus beathaichean, agus e làn deilbh dathach, tarraingeach.

Tha Acair cuideachd a' foillseachadh 'Sireadh Mhathan do Fhòr Luch-tòiseachaidh' le Michelle Robinson agus David Roberts, agus a' Ghàidhlig le Johan Nic a' Ghobhainn. 'S e leabhar chloinne air leth èibhinn a tha seo, a bheireas gàire aig àm leabaidh!

'S e 'Cuac Obann Eòghainn', le Kes Gray agus Jim Field agus a' Ghàidhlig le Doileag NicLeòid, leabhar chloinne eile a bheireas toileachas mòr! Tha Eòghainn a' lorg an A, gus an urrainn dhà CUAC ceart a dhèanamh!

Agus mu dheireadh tha 'Mgr Tigear a' dol Fiadhaich', le Peter Brown agus a' Ghàidhlig le Norma NicLeòid, a tha ag innse sgeulachd bheag bhòidheach mu tìgear a tha den bheachd a dhachaидh fhàgail... Tha iad seo a-nis uile rim faighinn air làrachlin Acair – www.acairbooks.com – agus le post an-asgaidh chun a' bhliadhna ùr!

Latest News from Acair

There are four new children's books available from Acair, just in time for Christmas.

'Gu h-Àrd gu h-Ìosal' by Hanako Clulow, Gaelic by Morag Stewart, is a wonderful book about the world and animals, full of colourful and attractive illustrations.

'Sireadh Mhathan do Fhòr Luch-tòiseachaidh' is by Michelle Robinson and David Roberts, with Gaelic translation by Johan Smith. This is a hilarious children's book, great bed time reading!

'Cuac Obann Eòghainn', is by Kes Gray and Jim Field with Gaelic translation by Dolina Macleod. This is another great book, full of humour! Eòghainn is looking for the 'A' so that he can QUACK properly!

Finally we have 'Mgr Tigear a' dol Fiadhaich', by Peter Brown and Gaelic translation by Norma Macleod. This is a lovely little story about a tiger who is thinking about leaving home...

These books are now available to buy from the Acair website—www.acairbooks.com—with free postage until the New Year!



Rosemary Ward bho Comhairle Nan Leabhairchean a' toirt seachad duais sònraichte do Agnes Rennie, manaidsear Acair, aig Latha Litreachais a' Mhòid anns An Gearasdan, a comharrachadh 40 bhliadhna de dh' fhoillseachadh.

Rosemary Ward from The Gaelic Books Council presenting a special award to Agnes Rennie, Acair's manager, at the Royal National Mòd's Literature Day in Fort William, to commemorate 40 years of publishing



**Meal an naidheachd air Acair airson an 40mh bliadhna aca
bho Stiùrichean agus Luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich**

**Congratulations to all at Acair on their 40th birthday
from the Directors and Staff at An Comunn Gàidhealach**




I'll Sing On by Gilbert McKinnon

'Se sgeulachd mu dheidhinn Catriona Nic Illeathain NicFhionghuinn a tha seo, sàr sheinneadair / neach-cluiche clàrsach a bha fuireach san t-Eilean Sgitheanach. Rugadh agus thogadh Catriona an Glaschu. Bha i an lùib còisirean an Glàschu ag èirigh suas agus choisinn i an aigeallan airgid aig aois 16.

Cheumnaich Catriona bhon RSAMD ann an clàrsach, pìana agus seinn. Shoirbhich i le bhith seinn aig Mòdan, Fèis Pan Cheilteach, aig a' BhBC agus iomadach àite eile. Chaidh i an uairsin dhan t-Eilean Sgitheanach far an robh i na stiùiriche os cionn Còisir an Ath Leathain anns na '70an, far an do choisinn iad duaisean aig a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail. 'B e caraid dhith bh' ann an Sir Iain Noble agus chuidich i le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus le bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh cultar na Gàidhlig san Eilean Sgitheanach.

Bha Catriona gu math òg nuair a fhuair i an naidheachd dhuilich gu robh i le tinneas nach gabhadh slànanachadh. Ach, chùm i oirre ag obair le ceòl. Thàinig i gu Crìosda cuideachd agus rinn I oidhrip mhòr le bhith ag obair ann a bhith a' fighe creideamh agus ceòl còmhla na beatha.

Gheibhearr tuilleadh fiosrachadh mu bheatha Chatriona san leabhar inntinneach seo. Ma tha sibh airson leth-bhreac a cheannach, tadhlaibh air an làrach-lìn no cleachdaibh am foirm-òrdugh gu h-iosal.



Gilbert McKinnon was born and brought up on the Isle of Arran and lived on Skye in the 1980s.

I'll Sing On le Gillebrìde MacFhionghuinn

I'll Sing On is the story of Catriona Maclean Mackinnon, a gifted and successful singer/harpist who lived on Skye.

Catriona Maclean Mackinnon graduated from the Royal Scottish Academy of Music in harp, piano and voice. She sang successfully at Mòds, the Pan Celtic Festival and other venues including the BBC. Returning to family roots, she chose to live on Skye and enthusiastically revived the Broadford Gaelic Choir taking it to successes at the Mòd. She became a friend of Sir Iain Noble, and she helped to teach him Gaelic, while encouraging him in his project to promote the Gaelic culture on Skye.

Still a young wife and mother, she was diagnosed with the shocking news that she was suffering from a life-threatening illness. Showing impressive strength of character, she decided to press on with her commitment to music and her struggle for perfection.

In the midst of this, she unexpectedly found Christian faith and showed ongoing commitment in trying to reach an understanding of her faith and in determining how to live out that faith in the context of her music culture. Her many letters reveal her spiritual journey in those days.

Loved by many, she was an inspiration to others. As one of her friends said, "Somehow, she worried her way into your affection, like a little terrier. All the time, you knew that whatever mood she wore on the surface, underneath it all a deadly fight was going on. She never lowered the flag."

www.illsingon.co.uk

Please send me copies
of "I'll Sing On" Price £7.99

Title

Full Name


.....
Address

.....
Postcode

Email.....

Mail, with cheque payable to G. McKinnon, to:
"I'll Sing On", 16 Stanton Drive, Fleet, Hants. GU51 5EB
or purchase online at www.illsingon.co.uk
or email to info@illsingon.co.uk

The proceeds from this book go to support research at the University of Glasgow into the cure and early diagnosis of Hodgkin lymphoma.



4TH DECEMBER

FUNDING OPPORTUNITIES WITH BÒRD NA GÀIDHLIG.

Furan - 7.00pm



How can Gaelic be developed in your community?

BnG are keen to hear your views on projects that would support the growth of Gaelic in Oban and the surrounding areas.

This is a fantastic opportunity to shape the way Gaelic funding is spent in your area.


Come and have your say!

FURAN GAELIC CENTRE

The Corran Halls 54
The Esplanade
Oban
PA34 4AB

01631 567333

7.00pm



TUESDAY 5TH DECEMBER FUNDING OPPORTUNITIES WITH BÒRD NA GÀIDHLIG.

DGS - 7.00pm



**How can Gaelic
be developed in
your
community?**

BnG are keen to
hear your views
on projects that
would support
the growth of
Gaelic in Cowal.

This is a fantastic
opportunity to
shape the way
Gaelic funding is
spent in your
area.

Come and have
your say!

DUNOON GRAMMAR
SCHOOL

61 Ardenslate
Road, Dunoon
PA23 8LU

01369 705010

7.00pm



cluichbruidhinnleugh
Spòrs bhon chìad latha

Seall! Tha sinn #30latha de chluich

1 Thoir biadh	2 Cluich Giog Ort	3 Cluich anns a' phàirc	4 Seinn Cuibhlichean a' Bhus	5 Gàire mòr airson fèineag	6 Dèan gniomhan do Incy Wincy Spider	7 Coimhead airson plèan anns an adhar	8 Seinnibh còmhla
9 Sèid builgeanan	10 Bi ri spòrs anns an amar	11 Leum ann an lòn	12 Dèan lorg-läimhe le peant	13 Dèan splais ann am mias nan soithichean	14 Dèan dealbh le cruthan pasta	15 Rach a lorg ulaidh a-muigh	16 Cluich falach-flead
17 Dèan aodainn èibhinn san sgàthan an dèidh d' fhiadhan a għlanadha	18 Tog bothag le plangaidean is cluasagan	19 Dèan sgluis le taois-cluiche	20 Cuidich anns a' chidsin	21 Cluich le èididhean	22 Sgìoblaich do dhèideagan	23 Dèan crathadair ciùil le rus ann an tuba	24 Cuidich a' cur uisge air na lusan
25 Tadħali an-asgaidh air leabharlann son stöiridhean, òrain agus rannan aig Seisan Bookbug	26 Cuidich a' cur seachad nan gnothaichean bhon bhùth	27 Tarraing dealbh den bheathach as	28 Dèan an Hokey Cokey!	29 Lorg agus lean d' fhaileas	30 Tog tür le bogsaichean falamh agus	Seo do mhiosachan #30 latha de chluich. Airson gach latha tha sinn air gniomh a mholadh as urrainn dhut a dhèanamh cuide ris an leanabh a chuidicheas e gu bhith ag ionnsachadh, a' leasachadh agus a faighinn toiseach töiseachaidh math na bheatha.	
						Cluich agus co-roinn!	

Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' foillseachadh Plana Gàidhlig Ùr

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba air am Plana Gàidhlig ùr
aca foillseachadh.

Chaidh am plana 5-bliadhna a dhealbhadh an dèidh
co-chomhairleachadh poblach iomlan agus tha e air aonta
fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.
Cumaidh am plana ùr taic ris na tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta
a' cur ri gleidheadh na Gàidhlig.

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta a' leantainn orra a' cumail taic
ris a' Ghàidhlig tro raon farsaing de an cuid obrach leithid
mapaichean Gàidhlig do luchd-tadhail anns gach taigh-tasgaidh,
aithrisean Gàidhlig ann an cuid de na gaileiridhean is
taisbeanaidhean taisteachal, prògram fa leth airson sgoiltean
Gàidhlig agus slighean sgoile anns a' Ghàidhlig, am measg
iomairtean eile. Tha na chaidh a dhèanamh gu ruige seo agus na
tha fa near airson seirbheisean a leasachadh ri fhaicinn an lùib a'
Phlana Ghàidhlig ùir.


Thuirt an t-Oll. Gordon Rintoul, Stiùiriche Thaighean-tasgaidh
Nàiseanta Alba,

"Tha an dàrna Plana Gàidhlig againn a' cur ar dealais an cèill a
thaobh ar cuid amasan an lùib Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus
an lùib co-theacsa ar lèirsinn nas fharsainge - 's e sin gun tèid
Alba a cheangal ris an t-saoghal agus an saoghal ri Alba da rèir.

"Glèidhidh sinn na seirbheisean a thabhairn sinn gu ruige seo
agus togaidh sinn air a' bhun-stèidh seo. Mar eisimpleir, cuiridh
sinn tursan Gàidhlig air dòigh aig an Taigh-tasgaidh Nàiseanta,
bheir sinn an iomairt teaghlach am feabhas le foillseachaidhean
is sgeulachdan Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean agus
foillsichidh sinn goireasan airson sgoiltean Gàidhlig air an làraich
lin agaunn."

Thuirt Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Càinain is
Leasachaidhean Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig,

"Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' Phlana Ghàidhlig ùr le
Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. Tha an cuid thraighean-
tasgaidh, chruinneachaidhean agus thaisbeanaidhean cudromach
airson cothroman a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig gus an
cànan a chleachdadh agus airson cothrom air leth a thoirt do na
milleanan de luchd-tadhail às an dùthach seo agus à
dùthchannan eile gus ionnsachadh mun Ghàidhlig ann an Alba san
latha an-diugh agus tro eachdraidh na dùthcha. Tha fadachd oirn
a bhith ag obair cuide ri Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba anns
na còig bliadhna a tha romhainn airson ar n-amás a thoirt air
adhart gun tèid cleachdadadh na Gàidhlig a leudachadh."



Taighean-tasgaidh
Nàiseanta Alba
National Museums Scotland

National Museums Scotland Publishes new Gaelic Language Plan

National Museums Scotland has published its new Gaelic
Language Plan.

The 5-year plan was developed following extensive public
consultation and has been approved by the national Gaelic
agency, Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government. The new
plan will support National Museums' contribution to sustaining
the Gaelic language.

National Museums continues to actively support the Gaelic
language through a wide range of its activities. This includes
offering Gaelic translated visitor maps at all its museums, Gaelic
commentary in some galleries and touring exhibitions, bespoke
programming for Gaelic medium schools and Gaelic translated
school trails amongst other provisions. The latest Gaelic Language
Plan sets out achievements to date and demonstrates
commitment to enhancing its services.

Dr Gordon Rintoul, Director of National Museums Scotland said,
"Our second Gaelic Language Plan sets out our commitment to the
aspirations and objectives in the National Gaelic Language Plan, in
the context of our wider vision – to connect Scotland to the world
and the world to Scotland.

"We will sustain the service provision we have offered to date and
will build upon it further. For example, we will provide Gaelic-
speaking tours at the National Museum, enhance our family offer
with Gaelic publications and storytelling for early years and make
available Gaelic medium schools resources on our website."

David Boag, Director of Language Planning and Community
Developments with Bòrd na Gàidhlig said,

"Bòrd na Gàidhlig welcomes the latest iteration of National
Museums Scotland's Gaelic Language Plan. Their museums,
collections and exhibitions have an important role to play in
offering opportunities for Gaelic speakers to use the language and
also in offering their millions of annual visitors from Scotland and
further afield an invaluable opportunity to learn about Gaelic in
Scotland today and throughout the nation's history. We look
forward to working in partnership with National Museums
Scotland over the next 5 years to progress our aim of increasing
the use of Gaelic across Scotland "



Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-lòsal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.



<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



Sgrìobhadair Ciùil Òigridh 2017 le Comunn na Clàrsach

Young Composer Award 2017 – Call for Entries

The Young Composer Award is an annual competition based award issued by The Clarsach Society.

Tha Comunn na Clàrsach a' cumail farpais airson Sgrìobhadair Ciùil Òigridh. Tha cothrom aig neach-sgrìobhaidh ciùil a tha eadar 16-25 bliadhna a dh'aois, pìos ciùil a chur a-steach thugainn, a bhios eadar 10 agus 15 mionaid.

Composers aged between 16 & 25 years of age are invited to present an original piece of music lasting no longer than 15 and no less than 10 minutes, suitable for:

- a) Solo Clarsach/Non-pedal harp
- b) Clarsach/Non-pedal harp and up to 3 other instruments and/or voices

Gheibh an neach-sgrìobhaidh duais £500 agus thèid am pìos-sgrìobhaidh aca a chluich aig an 37mh Fèis Eadar-nàiseanta Clàrsach ann an 2018.

The award is £500 plus a premiere performance at the 37th Edinburgh International Harp Festival in 2018.

Feumar cuir a-steach airson an fharpais seo ro 30 Samhain 2017. The deadline for the 2017 Award is 30th November 2017

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh an seo / You can read the guidelines and apply [here](#).

Leugh aithisg le Rachel Groves a choisinn an duais ann an 2016.

Read a report from Rachel Groves, winner of the 2016 Award [here](#).



Brot is Òran

(Soup 'n' Song)

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Urras Fèis Dhùn Deagh, tha sàr-phrògram de chuirmean aig àm lòn thairis air na mìosan a tha romhainn ann an Talla Marryat le ceòl agus òrain Ghàidhlig.

With the support of Bòrd na Gàidhlig and Dundee Festival Trust, there is a great programme of Gaelic Lunchtime Concerts in the Marryat Hall over the next few months as an introduction to Gaelic Music and Song.

Prògram:

Latha na Sàbaid 12 Samhain / Sunday 12 November 2017 2pm - 3pm
Norrie MacIver and Mhairi Marwick

Disathairne 9 Dùblachd / Saturday 9 December 2017 2pm - 3pm
Ainsley Hamill and Alistair Paterson

Latha na Sàbaid 28 Faoilleach / Sunday 28 January 2018 2pm – 3pm
Mary McInroy

Latha na Sàbaid 4 Gearran / Sunday 4 February 2018 2pm – 3pm
Artist tbc

Latha na Sàbaid 25 Gearran / Sunday 25 February 2018 2pm – 3pm **Dundee Gaelic Choir**

Ticeadan / Ticket price £5 (a' gabhail a-steach rola agus brot / which includes soup and a roll
Cuirm aig 2f, brot aig 1.30f / Concert at 2pm, soup served at 1.30pm.

Online transaction fee £2, postage charges may apply.

www.dundeebox.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

